



An Eaglais Ath-leasaichte Shasannach ann am Begijnhof, Amsterdam

Geàrr-Stiùireadh do Luchd Tadhair

“Madainn a-màireach tha mi a’ dol dhan eaglais Shasannach: tha i na suidhe an sin cho sìtheil san fheasgar ann am Begijnhof chiùin sin am measg nan callaidean dhrisean, mar gum biodh i ag ràdh: ‘In loco isto dabo pacem’ - San àite seo bheir mi dhuibh fois, ars’ an Tighearna. Amen.”

Vincent van Gogh

- 1 Mar a thèid thu a-steach dhan phoirdse a-staigh (B), tha an doras air do làimh dheis gad thoirt a-steach dhan t-Seòmar Seisein (C). (Chan eil an Seòmar Seisein fosgailte do luchd-tadhail.)
- 2 A’ dol a-steach dhan eaglais, thoir an aire dha dà uinneag ghothach, aon sa phoirdse, agus an tè eile dìreach a-staigh am broinn na h-eaglaise, a chaidh fhosgladh suas le chèile a-rithist aig àm ath-aiseag 1975. Seachad orra tha dà uinneag nas lugha (2A), a bha air an suidheachadh gus solas a thoirt dhan chùbaid nuair a bha i na seasamh eatarra.
- 3 Tha grunn bhrataichean am broinn na h-eaglaise. Is e Meirghe Rìoghail na h-Alba a th’ anns a’ chiad tè, agus tha an dàrna tè na mac-samhail de mheirghe blàir a bhuineadh dha aon de rèiseamaidean Alba (Clann MhicAoidh), aon den fheadhainn a bha a’ sabaid anns an Ìsealtir nuair a bha iad a’ strì airson neo-eisimeileachd bhon Spàinn san 16mh linn. Tha brataichean eile ann bhon Ìsealtir, Taigh nan Orainseach, an Rìoghachd Aonaichte, Alba agus Canada.
- 4 Nuair a ruigeas tu an altair (E), coimhead air ais, agus aig cùl na h-eaglaise chì thu ciste òrgain bhon 18mh linn air a snaigheadh. B’ e obair le Iàcob Hulstman a bha seo a chaidh ath-aiseag ann an 1999. Chaidh ath-thogail a dhèanamh air an òrgan cuideachd aig toiseach na mìle bliadhna le Flentrop Zaandam, a’ cumail ri dealbhadh tùsail an òrgain bhon 18mh linn, a chaidh a thogail san eaglais le Christian Müller.
- 5 & 6 Air beulaibh an òrgain bhig (cuideachd air a thogail le Flentrop), tha an òraidean na sheasamh, air a bheil samhlaidhean nan ceathrar shoisgeulach, a chaidh a shnaigheadh ann an 1977 le Nico Onkenhout.
- 7 Suidhichte air Bòrd a’ Chomanachaidh tha aon de na Biobaill as aosta a th’ againn, leis a’ cheann-là 1763.
- 8 Aig cùl na h-altrach tha an aon uinneag le glainne dhathte a th’ againn, a chaidh fhaotainn mar thiodhlac ann an 1920 bho Mhgr Èideard Bok às na Stàitean Aonaichte, mar chomharra air an 300mh cuimhneachan bliadhna de thuras nan Athraichean Taistealach à Leiden dhan t-Saoghal Ùr. Bha mòran de na h-Athraichean Taistealach air a bhith a’ fuireach ann an Amsterdam roimhe sin.
- 9 Ri taobh staidhre na cùbaid tha an amar a bhithear a’ cleachdadh airson baistidhean.
- 10 Tha a’ chùbaid air a sgeadachadh le seata de phannalan snaighte a chaidh a dhealbh le Piet Mondriaan agus a chaidh a shnaigheadh le Edema van der Tuuk, mar chomharra air tighinn na Banrigh Wilhelmina gun rìgh-chathair ann an 1898. Tha am Bioball na sheasamh air deasg agus ga chumail suas tha òraidean grinn pràiseach a chaidh a bhuileachadh air an eaglais ann an 1689 le Uilleam III den Taigh Orainseach agus a bhean Màiri Stiùbhart, nuair a chaidh èigheach orra mar cho-mhonarcan air Breatainn.

- 11 Tha crois Cheilteach crochte air a’ bhalla ri taobh na cùbaid, tiodhlac bhon Alle-Dag Kerk a tha air a bhith ag eagrachadh sheirbhisean Duitseach a h-uile Diciadain san eaglais againn o chionn iomadach bliadhna.

- 12 Gun làimh dheis den chùbaid tha doras gad thoirt a-steach do Sheòmar nan Deucon (D). Tha pannalan fiosrachaidh mun fheadhainn a thug seirbheis dhan choitheanal againn mar dheucain, air an cur suas air na ballachan an seo agus air balla na h-eaglaise taobh a-muigh Seòmar nan Deucon.

- 13 Shìos air balla deas na h-eaglaise tha Treasta shnaighte a’ Bhurgomaster (An Àrd-bhàillidh). Nuair a bha a’ chùbaid suidhichte air a’ bhalla a tuath (bho 1607 gu 1912), bha seo ma coinneamh.

- 14 Nas fhaide air adhart, ri taobh a’ phreasa san oisean, thoir an aire dha corran a’ Bhuanache Ghruamaich air aon de na leacan uaighe.


Bha Beguines air an tiodhlacadh fo làr na h-eaglaise suas gu 1818; bha feadhainn eile, le Locatelli an sgrìobhaiche ciùil baroc nam measg, air an tiodhlacadh fo na leacan cuideachd, an dèidh dhaibh an rathan tiodhlacaidh a cheannach bhon t-Seisean.

- 15 Mar a dh’ fhàgas tu an eaglais, gud làimh chli air a’ bhalla cùil tha facs den chiad duilleig de gheàrr-chunntas ann am frèam, a’ clàradh gun do shearmonaich Iain Paget a’ chiad shearmoin aige san eaglais air 5 Gearran 1607.

Am bu mhath leat tuilleadh fhaighinn a-mach?

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu eachdraidh shaidhbhir na h-eaglaise, na Beguines agus am Begijnhof, faic *The English Reformed Church in the Begijnhof, its Setting and History*, a tha ga reic an seo.

“An taobh a-staigh nam ballachan seo na biodh duine na choigreach”



NA DACHAIGH DHA COITHEANAL EADAR-NÀISEANTA

Tha an Eaglais Ath-leasaichte Shasannach na dachaigh dha mòran daoine a tha airson adhradh sa Bheurla ann an Amsterdam. Cho math ri Clèirich às an Rìoghachd Aonaichte, An Ìsealtir, Canada, Na Stàitean Aonaichte, Afraga agus Iapan, tha mòran sheòrsaichean eile air an riochdachadh san eaglais gach madainn Didòmhnaich. Dh'fhoillsich tomhas a chaidh a dhèanamh o chionn ghoirid gun robh fichead 's a còig nàiseantachd an làthair aig seirbheis bho barrachd air fichead seòrsa buidhinn ainmichte.

Is e coimhearsnachd mheasgaichte a th' annainn: fògarraich agus luchd proifeasanta gnothachais, luchd ciùil agus luchd lagha, mnathan taighe agus bancairean, oileanaich, agus mòran eile, iad uile a' cruinneachadh airson adhradh agus taic a thoirt dha càch a chèile. Tha cuid air a bhith sa choitheanal fad am beatha, thàinig cuid eile nan inbhich a dh'ionnsachadh no a dh'obair san Ìsealtir.

Bidh sinn a' cumail ann an tobha ri buill a tha ag obair taobh a-muigh na h-Ìsealtire aig Médecins sans Frontières, agus bidh sinn a' togail airgid gus tacsas a chur ri Ospadal Mhisean Mulanje ann am Malawi.

FÀILTE

Tha sinn a' cur fàilte oirbh uile a tha airson a bhith còmhla rinn aig ar seirbhisean gach madainn Didòmhnaich aig 10.30. Tha ar seirbhisean uile ann am Beurla; thathar a' coimhead às dèidh na cloinne ann an cròileagan, anns an Sgoil Shàbaid agus ann an Eaglais na h-Òige, agus mar sin, is urrainn dhan teaghlach air fad a thighinn dhan eaglais còmhla. Às dèidh na seirbheise tha àm ann airson cofaidh ann an talla na h-eaglaise, dha luchd-tadhail agus dha buill a' choitheanail.

Tha Comanachadh ga chumail air a' chiad Didòmhnaich de gach mìos, agus air Diardaoin na h-Inid agus Didòmhnaich na Càisge. Tha seirbhisean sònraichte eile ann rè Seachdain na Càisge agus aig àm na Nollaige. Tha iad sin air an stiùireadh leis a' chòisir againn, mar a tha na seirbhisean air an dàrna Didòmhnaich de gach mìos (ach bhon Iuchair gun t-Sultain).

DAOINE LE EACHDRAIDH

Tha ar coitheanal air fàs thairis air na bliadhnaichean, a' cumail adhradh ann am Beurla ann an teis meadhain Amsterdam o chionn 1607, ach a-mhàin aon àm goirid nuair a fhuair na Gearmailtich seilbh aig àm an Dàrna Cogaidh Mhòir.

Chaidh An Eaglais Ath-leasaichte Shasannach a stèidheachadh fo thaic na h-Eaglaise Ath-leasaichte san Ìsealtir, an-còmhnaidh le ministearan Albannach agus Sasannach. Ann am meadhan na h-ochdamh linn deug, rinn an coitheanal ceanglaichean le Alba; bhon uair sin, tha am ministear an-còmhnaidh air a bhith à Alba.

Tha an coitheanal a-nis mar làn phàirt de Eaglais na h-Alba ann an Clèir na Roinn Eòrpa. Aig a' coinneamhan dà uair sa bhliadhna tha A' Chlèir air a frithealadh le riochdairean bho na dhà dheug choitheanalan ann an Eaglais na h-Alba san Roinn Eòrpa. Tha an coitheanal cuideachd air a riochdachadh le èildear bho Classis Amsterdam (Clèir Amsterdam) de dh'Eaglais Ath-leasaichte na h-Ìsealtire.

Tha sinn mar choitheanal a tha a' fàs de faisg air 400 ball, a' leantainn òirn a' follaiseachadh nàdar eadar-nàiseanta Amsterdam agus saoghal na h-Eaglaise Chrìosdail. Tha an t-Seisean a bhios a' stiùireadh a' choitheanail air a dhèanamh suas mar is trice de dhà bhall deug, an dà chuid deucoin agus èildearan, a tha a' riochdachadh farsaingeachd a' choitheanail a thaobh aois agus dualchais.



AN EAGLAIS EACHDRAIDHEIL ANN AM BEGIJNHOF

Chaidh a' chiad eaglais ann am Begijnhof a choisrigedh ann an 1419 agus bha i a' solarachadh àite adhradh dha na mnathan cràbhaidh a bh' anns a' choimhearsnachd, am Begijnen no Beguines, a bha a' fuireach sa chùirt mun cuairt. Chaidh an eaglais fhiodha, còmhla ris a' chuid as motha de Begijnhof agus pios mòr de dh'Amsterdam, a losgadh ann an teine 1421.

Faisg air deireadh a' chòigeamh linn deug, chaidh am Begijnhof agus a chaibeal ath-thogail le breige agus clach. Aig àm an Ath-leasachaidh, chaidh an eaglais a dhùnadh nuair a chuir uachdarain a' bhaile casg air adhradh sam bith ach adhradh Ath-leasachaidheil.

Bha an togalach air fhàgail gun fheum airson greis mhath, ach mar stòr agus àite nighe dhan Begijnhof. Nuair a rinn an luchd-adhradh Beurla ann an Amsterdam tagradh airson àite adhradh, cho-dhùin uachdarain a' bhaile an togalach gun fheum san Begijnhof a thoirt dhaibh. Ghabh a' chiad seirbheis àite anns a' Gherran 1607.

Chaidh an togalach a leudachadh faisg air deireadh an t-seachdamh linn deug, agus fhuair an coitheanal seilbh oifigeil air ann an 1812. Chaidh an cumadh aige atharrachadh ann an 1912 agus chaidh ath-aiseag anns na 1970an.

Chaidh ath-aiseag mhòr den bhunachar agus ùr-sgeadachadh air broinn na h-eaglaise a chur an gnìomh ann an samhradh agus foghar 2005. Tha an coitheanal a' togail airgead an ceartuair gus an easbaidh ann am Maoin Tagraidh an Ath-leasachaidh a phàigheadh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh:

Làrach-lìn: www.ercadam.nl

Ministear: An t-Urr. Iain Cowie (Collaigh)
JW Brouwersstraat 9,
1071 LH Amsterdam

Tel 020 6722288